

## **Brath naidheachd**

### **SPIORAD NA GÀIDHLIG ANN AN GLASCHU RI GHLACADH AIR CANABHAS**

Chomharraich e bàrdachd na 20<sup>mh</sup> linn le a dhealbh ainmeil de dh'Ùistean MacDiarmaid is eile ann an àite-tadhail mas fhìor ann an Dùn Èideann. Rinn e moladh air an ath-bheothachadh ann an tuath-cheòl Albannach le a thuairisgeul iongantach air Seumas MacEanraig a' dèanamh subhachas le luchd-ciùil agus nam measg bha a' bhana-Ghàidheal, Dolina NicIllinnein agus am pìobaire cliùiteach Ailean Dòmhnallach.

A-nis, tha Alasdair "Sandy" Moffat deiseil airson cultar na Gàidhlig a ghlacadh agus na tha e a' ciallachadh do Ghlaschu co-aimsireil. Tha am peantair ainmeil Albannach air fhadhadh mar neach-ealain air mhuintearas aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail 2019, agus air a choimiseanadh le Glaschu Beò ann an com-pàirteachas leis an Taigh-tasgaidh Hunterian agus Oilthigh Ghlaschu gus obair-ealain thùsail a chruthachadh a bhios a' comharrachadh tilleadh a' Mhòid gu Bruachan Chluaidh airson a' chiad uair ann am faisg air trithead bliadhna.

Chaidh am Mòd – prìomh fhèis na h-Alba airson ceòl, ealain agus spòrs Gàidhlig – a chumail mu dheireadh ann an Glaschu ann an 1990, sa bhliadhna a bha Glaschu a' comharrachadh Baile Cultair na Roinn Eòrpa. 29 bliadhna às dèidh sin, tha a' Ghàidhlig – a tha air a bhith air a labhairt sa bhaile fad linntean – a' soirbheachadh 's a' fàs. Ann an da-rìribh, tha Glaschu na dhachaigh don àireamh as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-muigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus tha àireamh a tha a' sìor fhàs ga labhairt, ga h-ionnsachadh agus a' com-pàirteachadh ann an tachartasan cultarach Gàidhlig. San Iuchar am-bliadhna, chaidh an ath-bheothachadh sin a dhaingneachadh le fastadh air Niall O' Gallagher mar a' chiad Bhàrd Baile Ghlaschu a-riamh (Prìomh-bhàrd Gàidhlig Baile Ghlaschu).

Is e a' mhòmaid chudromach seo ann an eachdraidh Ghàidhlig a' bhaile a bhios air a comharrachadh le Sandy Moffat OBE

RSA, agus am Mòd a' tilleadh a-rithist a Ghlaschu air 11 Dàmhair. Rè na fèise a mhaireas naoi làtha, bidh an neach-ealain ga bhogadh fhèin san àile, ag amharc air tachartasan agus a' rannsachadh eachdraidh Ghàidhlig a' bhaile mar a bha agus mar a tha. Bidh na beachdan sin a' biadhadh a-steach don obair-ealain thùsail a thèid fhoillseachadh ann an Glaschu san Fhaoilleach 2020.

Tha am Mòd a' toirt chothroman do dhaoine de gach aois gu bhith a' gnìomhachadh tarsainn raon de chuspairean farpaiseach, a' gabhail a-steach ceòl agus òrain Ghàidhlig, dannsa Gàidhealach, ionnsramaidean, dràma, spòrs agus litreachas, agus tron t-seachdain bidh mòran gnìomhachdan a' gabhail àite air an iomall. [<https://modghlaschu2019.com/events-programme/>]. Bidh am Prìomh-bhàrd Ghàidhlig agus an neach-ealain air mhuinntearas a' gnìomhachadh aig gach ceann de thabhartas Ghàidhlig Ghlaschu Beò sa bhaile tro sheachdain a' Mhòid le prògram de sgrionaidhean, òraidean, bùithtean-obrach agus blasadan den chànan uile an-asgaidh agus a' gabhail àite san CCA (<https://www.glasgowlife.org.uk/>)

Mar thoradh air a' mhuinntearas ùr, bidh obair ionmholta Alasdair Moffat a-nis a' faotainn taic bho dhealbh ùr-nodha air a peantadh a tha an dàn, coltach ri a dhealbhan ainmeil de bhàird is luchd-ciùil tuath-cheòl, Poets' Pub agus Scotland's Voices, a bhith a' toirt tlachd do dhaoine le ùidh ann an ealain agus ann an cultar na Gàidhlig airson ginealaichean ri teachd.

**Aithris mholta bhon Chomhairliche Daibhidh Dòmhnallach, iar-stiùiriche Comhairle Baile Ghlaschu agus Cathraiche Ghlaschu Beò:** "Is e tachartas mòr a th' anns a' Mhòd a' tilleadh a Ghlaschu a bheir cothrom do na mìltean de dhaoine a bhith an sàs ann an dualchas is cultar na Gàidhlig tro cheòl, òrain, bàrdachd, innse sgeulachdan, spòrs agus mòran eile.

"Bidh e mìorbhaileach a' faicinn tuairisgeul Sandy Moffat air an tachartas seo. Nochd am bàrd ainmeil Ghàidhlig, Somhairle MacGillEathain, gu follaiseach san dealbh ainmeil aige, Poets' Pub, fhad 's a thathar a' comharrachadh a' phìobaire cho-aimsireil is sgoilear Ghàidhlig, Ailean Dòmhnallach, ann an

Scotland's Voices – agus tha mi a' coimhead air adhart ri faighinn a-mach mar a bhios cultar na Gàidhlig ann an Glaschu agus Mòd 2019 air an taisbeanadh san obair ùr aige a tha fhathast ri thighinn."

## **Notaichean do luchd-deasachaidh**

Bidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail, an fhèis Ghàidhlig as motha agus as cudromaiche ann an Alba, a' gabhail àite ann an Glaschu bho 11–19 Dàmhair. Air a h-eagrachadh tron Chomunn Ghàidhealach, bidh i a' tarraing nam mìltean de fharpaisich eadar-nàiseanta gu còrr air 200 tachartas ann an dannsa Gàidhealach, spòrs, litreachas agus dràma, a thuilleadh air ceòl is òrain Ghàidhlig. Airson tiogaidean, tadhailibh air [www.ancomunn.co.uk/tickets](http://www.ancomunn.co.uk/tickets)

Tha am prògram ùr a thaobh neach-ealain air mhuinntearas agus coimiseanadh an obair-ealain air an eagrachadh mar phàirt de dh'Iomall a' Mhòid, prògram a tha loma-làn de chèilidhean, cuirmean-ciùil agus tachartasan eile, a' crìochnachadh leis a' Hò-ro Gheallaidh Dheireannach, feasgar brosnachail de cheòl beò bho na còmhlan-ciùil traidiseanta agus air leth, Skerryvore agus Trail West, sna Barrowlands air Dihaoine 18 Dàmhair. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu phrògram an Iomail 2019, tadhailibh air <https://modghlaschu2019.com/glasgow-mod-2019/events-programme>

\* Mar cheannard peantaidh is clò-bhualaidh aig Sgoil Ealain Ghlaschu gu 1985, tha **Alasdair "Sandy" Moffat** air a chreideasachadh le lasadh aiseirigh air ealain fhigearach sa bhaile, le bhith a' brosnachadh dhaoine ainmeil teachdail mar Peter Howson, Alison Watt agus Ken Currie. Chaidh an obair aige fhèin a chomharrachadh an-uiridh le foillseachadh air *Facing The Nation: The Portraiture of Alexander Moffat*, leabhar àrd-chomharraichte leis an neach-eachdraidh ealain, Bill Hare.

Airson barrachd fiosrachadh cuir fios gu neach-conaltradh Susan Flockhart  
aig [celticpress@glasgowlife.org.uk](mailto:celticpress@glasgowlife.org.uk)

fon: 07800 684189